

Taic le foirm-iarrtais Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28

Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28 application form support

'S e stiùireadh a bharrachd a tha seo airson Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28 air na tha Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh mar fhreagairtean do cheistean san foirm-iarrtais.

Tha sinn a' moladh gu mòr gun leugh sibh [stiùireadh na maoine](#) cuideachd airson fios fhaighinn air riaghailtean an sgeama. Faodaidh sibh cuideachd [stiùireadh-measaidh a leughadh](#) a tha a' toirt fios seachad air mar a thèid an t-iarrtas agaibh a mheasadh.

Faodar an t-iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig bng.fluxx.io, is feumaidh sibh an t-iarrtas a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig ro **3f air Diardaoin 5 Ògmhios 2025**. [Tha faidhle Word le na cheistean bhon foirm-iarrtais ri fhaighinn an seo](#). Ma tha cruth eile a dh'fheumas sibh den fhoirm-iarrtais no gin de na faidhlichean stiùiridh nach cuir sibh fios thugainn aig tabhartas@gaidhlig.scot is cuiridh sinn sin air dòigh dhuibh?

This document provides extra guidance as to what Bòrd na Gàidhlig is looking for from answers to questions in the application form for the Gaelic Officers Scheme 2025-28.

We strongly recommend reading the [general fund guidance](#) also to find out about the rules of the scheme. You can also view [assessment guidance](#) which details how your application will be assessed.

Applications can be submitted via our Fluxx application portal at bng.fluxx.io and the application must be submitted to Bòrd na Gàidhlig by **3pm on Thursday 5 June 2025**. [A Word document with the questions from the application form is available here](#). If an alternative format for the application form or any of the guidance files are required please let us know by emailing tabhartas@gaidhlig.scot and we can arrange for this.

Comhairle san fharsaingeachd

Tha stiùireadh mu àireamh fhaclan ann airson a' mhòr-chuid de na ceistean gus beachd a thoirt dhuibh air an uiread mion-fhiosrachaidh a dh'fheumas sibh a thoirt seachad. Ma tha e nas fhasa, faodar puingeann peileir a chleachdadh gus geàrr-chunntas a dhèanamh air ur freagairt, ach dèanaibh cinnteach gu bheil fiosrachadh gu leòr ann.

Cuirear fàilte air tagraidhean ann an Gàidhlig no Beurla, ged a tha sinn gur brosnachadh tagradh a dhèanamh sa Ghàidhlig mas urrainn dhuibh.

Ma tha ceist sam bith agaibh mu ghin de na ceistean, no ma tha feum agaibh air tuilleadh taic le bhith a' lìonadh an fhoirm iarrtais, cuiribh fios thugainn aig tabhartas@gaidhlig.scot agus nì sinn ar dìcheall ur cuideachadh.

General guidance

There are word guidelines for most of the questions to help guide how much detail you need to provide. If it is easier to use bullet points to summarise your answer feel free to do so, but ensure that there is enough detail provided.

Applications are welcomed in either Gaelic or English, although we'd encourage you to apply in Gaelic if you can.

If you have any queries about any of the questions, or require further support with completing the application form, please feel free to get in touch with us at tabhartas@gaidhlig.scot and we will do our best to assist you.

Fiosrachadh mun Bhuidheann

Buidheann

An seo faodaidh sibh taghadh cò a' bhuidheann dha bheil an t-iarrtas agaibh, agus is e seo a' bhuidheann dham bi sibh ceangailte ann am Fluxx.

Ged a tha sinn a' cur fàilte air iarrtasan airson dreuchdan a dh'fhaodadh a bhith a' co-roinn oifigear eadar diofar bhuidhnean, feumaidh a' bhuidheann a tha a' cur an iarrtais

Organisation information

Organisation

Here you can choose the organisation you are applying on behalf of, which will be the organisation that you are associated with on Fluxx.

While we welcome applications for posts that may share an officer between multiple organisations, the organisation submitting the application must be the organisation which will formally employ the officer if you are successful.

a-steach a bhith na buidheann fastaidh fhoirmeil aig an oifigear ma tha sibh soirbheachail.

Luchd-conaltraidh	Contacts
Tha sinn airson fios fhaighinn cò na daoine ris am bu chòir dhuinn conaltradh a chumail mun iarrtas agus mun aonta maoineachaidh agaibh ma bhios sibh soirbheachail. Bu chòir dhuibh co-dhiù aon neach ainmeachadh mar phrìomh neach-conaltraidh, is bu chòir seo a bhith na mhanaidsear-sreatha dhan neach san dreuchd no cuideigin eile a tha stiùireadh na dreuchd (seach an t-oifigear fhèin) ach bhiodh e feumail daoine eile a chur ris, leithid: • Prìomh neach-dearbhadh: Neach a bhios a’ soighneadh aonta taic-airgid às leth na buidhne ma tha sibh soirbheachail leis an iarrtas (mar as trice manaidsear, stiùiriche no urrasair) • Neach-conaltraidh ionmhais: Neach a bhios a’ faighinn fios nuair a thèid pàighidhean a dhèanamh (m.e. ionmhasair na buidhne, no oifigear ionmhais) Ma tha na daoine seo air an clàradh ann am Fluxx, faodaidh sibh an taghadh bhon chlàr theàrnach, ach mura h-eil iad air clàradh ann am Fluxx faodaidh sibh an t-ainm aca a chur sa chlàr gu h-ìosal.	We need to know who the best contacts are to discuss your application and your funding agreement if you are successful. You should name at least one person here as a primary contact, and this should be ideally the postholder’s line manager or another person responsible for managing the post (not the officer themselves), but other contacts are useful and can be added, such as: • Primary signatory: The person who will sign the funding agreement on behalf of the organisation if the application is successful (usually a senior manager, director or trustee) • Finance contact: A person to receive updates when payments are made (e.g. treasurer, finance officer) If the contacts have registered in Fluxx, you should be able to choose them from the drop-down menu, but if not you can list them in the table below.
Poileasaidhean is sgrìobhainnean riatanach	Required policies and documents
Mar pàirt den obair sgrùdaidh againn air an iarrtas, feumaidh sinn diofar sgrìobhainnean fhaighinn bhuaibh airson dearbhadh gu bheil a’ bhuidheann agaibh ag obair mar bu chòir is comasach an t-aonta taic-airgid a stiùireadh gu h-èifeachdach ma bhios an t-iarrtas agaibh soirbheachail. Tha cuid de na sgrìobhainnean seo riatanach, is cuid air am moladh, ach dèanaibh cinnteach gun luchdaich sibh suas an lethbhreac as ùire de na sgrìobhainnean seo. Thoiribh sùil air stiùireadh na maoine gus fiosrachadh fhaighinn air dè na faidhlichean a tha riatanach. Mur a luchdaich sibh suas na sgrìobhainnean seo, faodaidh gun tèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh gun mheasadh. Ma tha lethbhreacan den sgrìobhainn ann am Fluxx mar-thà, dèan cinnteach gun e seo an lethbhreac as ùire (m.e. cuiribh na cunntasan as ùire agaibh ann seach feadhainn na bliadhna an-uiridh), air no faodaidh tu ùrachadh a dhèanamh orra le bhith a’ taghadh “Add new version of document” ri a thaobh.	As part of our due diligence on your application, we need several different documents from you to ensure that your organisation is operating correctly and can manage the grant agreement effectively if your application is successful. Some of these documents are required and some are recommended, but please ensure that you upload the most recent version of any of these documents. Please consult the fund guidance for more information on which files are required. If you do not upload required documents, your application may be declined without assessment. If there are versions of the document already uploaded in Fluxx, make sure these are up-to-date (e.g. upload most recent accounts rather than last year’s), and if not you can update them by choosing the “Add new version of document” icon that appears next to it.
Taic-airgid poblach dhan bhuidheann	Other public funding for the organisation
Faighnichidh sinn dhiubh ma tha sibh air nas lugha na £315,000 ann an taic-airgid poblach fhaighinn (bho bhuidheann phoblach sam bith) san ùine eadar 1 Giblean 2023 gu ruige seo. Tha seo ann gus cumail ri riaghailtean Smachdachaidh Subsadaidh, is faodaidh gum bi tabhartas air a thabhann dhuibh mar Taic Ionmhasail as Ìsle (“MFA”) ma tha sibh soirbheachail is freagarrach.	We will ask you if you have received less than £315,000 in public funding (from any public authority) in the period from 1 April 2023 to date. This is in order for us to comply with Subsidy Control regulations, as we may offer the grant to you under Minimum Financial Assistance (“MFA”) if you are successful and qualify.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air a seo cuiribh fios gu oifigearan Bòrd na Gàidhlig.

For more information on this please contact Bòrd na Gàidhlig officers.

Geàrr-iomradh air a' phròiseict	Summary of the project
Tìotal na dreuchd	Post title
Bu chòir gur e seo tìotal na dreuchd (no dreuchdan) dha bheil sibh a' cur iarrtas a-steach. Bu chòir seo a bhith a' ceangal ris na tuairisgeulan-obrach a tha sibh a' cur a-steach nas fhaide air adhart san iarrtas agus b' fheàrr leinn gum biodh fiosrachadh ann a thaobh nan seòrsa gnìomhan a bhios an t-oifigear ris (i.e. beachdaich air rudeigin nas brìghmhoire na "Oifigear Leasachaidh Gàidhlig" ma tha sin iomchaidh).	This should be title of the post (or posts) you are applying for. This should match up with the job descriptions submitted later on in the application and ideally provide information on the type of activity carried out (i.e. consider something more descriptive than "Gaelic Development Officer" if appropriate).
Gearr-iomradh air an dreuchd	Post summary
Bu chòir seo iomradh goirid a thoirt air na seòrsa gnìomhan anns am bi an t-oifigear an sàs, le eisimpleirean de thachartasan, pròiseactan no gnìomhan eile a thathar an dùil libhrigeadh.	This should provide a short summary of the types of activity that the officer will undertake, including examples of events, projects or other tasks that it is hoped will be carried out.
Càite am bi an dreuchd stèidhichte is dè a' choimhearsnachd a bhios an dreuchd a' frithealadh?	Where will the post be based and what community will the post serve?
Tha sinn airson fios fhaighinn far am biodh an neach san dreuchd stèidhichte (m.e. oifisean na buidhne, Steòrnabhagh; aig an taigh, Geàrrloch).	We want to know where the postholder will be based (e.g. organisation offices, Stornoway; based at home, Gairloch).
Tha sinn cuideachd airson fios fhaighinn air dè a' choimhearsnachd a bhios an dreuchd a' frithealadh, far a bheil e coltach gum bi an t-oifigear a' libhrigeadh tachartasan no far am biodh daoine a' faighinn buannachd an da-rìribh bho na gnìomhan seo.	We also want to know what geographical community the post will serve, where it is likely that the officer will deliver activities or where people may realistically benefit from these activities.
Tha sinn ag amas thairis air an sgeama, a-mach às na h-iarrtasan freagarrach, gum bi sgaoileadh cruinn-eòlasach iomchaidh de dh'oifigearan, stèidhichte air àireamhan is dùmhlaich luchd-labhairt na Gàidhlig a rèir cunntas-sluaigh 2022.	We will aim to ensure across the fund that out of the suitable applications there is an appropriate geographic spread of officers across Scotland, based on numbers and densities of Gaelic speakers according to the 2022 census.
Cia mheud uairean san seachdain a tha dùil gu bheil an oifigear(an) ag obair?	How many hours per week will the officer(s) work?
Tha sinn airson fios fhaighinn air cia mheud uairean san t-seachdain a bhios an oifigear ag obair mar as trice, is bidh seo gar chuideachadh le bhith tomhais an ìre de dh' obrach air an sùileachadh bhuapa.	We want to know the typical number of hours the officer will work in a week, which will help us gauge the level of work expected from them.
Ma tha seo nas isle na 1 FTE, bitheamh mothachail gum bi an suim as àirde a dh' fhaodadh sibh sireadh pro-rata an aghaidh an ìre £40,000 p.a.	If this is lower than 1 FTE, please note the maximum support you can request will be pro-rated versus the £40,000 p.a. cap.
Dà obrach no dreuchd air a roinn?	Two jobs or job share?
Tha sinn airson fios fhaighinn ma tha sibh an dùil dà dhaoine fhasadh air dreuchdan pàirt-thìde airson na dreuchd, airson dreuchdan fa-leth no mar obair air a roinn – is gu sònraichte mar a bhios seo ag obair gu praitigeach eadar na h-oifigearan.	We want to know if you intend to employ two people on part-time contracts for the post, either for separate posts or as a job share – and particularly how this will operate in practice between the officers.

Bidh sinn gabhail seo fa-near airson an còrr den iarrtas, is mothachail gu bheil seo toirt buaidh air dòighean-obrach is builean bhon dreuchd.

This can then be taken into consideration throughout the application, as this will impact on work methods and outcomes from the post.

Dreuchd ùr no leantainneach?

Mas e sìneadh a tha seo air dreuchd a th' ann mar-thà, iarraidh sinn oirbh dearbhadh an deach a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus/no le buidhnean eile agus faighnichidh sinn cuideachd mar a tha sibh an dùil gun atharraich no gun leasaich gnìomhan na dreuchd tron ùine maoineachaidh an taca ris na chaidh a libhrigeadh gu ruige seo.

Continuing post?

If this is a continuation of a post, we'll ask you to confirm if this was funded by Bòrd na Gàidhlig and/or other organisations and also ask you how you'll expect that the post's activity will change or develop over the funded period in comparison with what has been delivered to date.

Ceann-là tòisichidh is ceann-là crìochnachaidh na taic-airgid

Innsibh dhuinn cuin a tha sibh airson 's gun tòisich am maoineachadh ma tha sibh soirbheachail is cuin a tha sibh airson gun ruith am maoineachadh seo.

Requested funding start date / end date

Let us know when you would want the funding to start if you are successful and when you would like the funding to run to.

Faodaidh taic tòiseachadh bho 1 Iuchar 2025 aig a char as tràithe, agus bhiodh seo freagarrach airson sìneadh a thoirt air dreuchdan a tha air am maoineachadh suas ri seo.

Funding can begin from 1 July 2025 at the earliest, and this would likely be suitable for extending any existing posts that are funded up until then.

Ma tha sibh a' sireadh taic airson dreuchd ùr, dh'fhaodte gum biodh e freagarrach beachdachadh air ceann-là tòisichidh nas anmoiche gus am bi cothrom ann pròiseas fastaidh a ruith is airson 's gum bi e comasach dhan tagraiche soirbheachail ùine fios san dreuchd a th' aca a thoirt seachad (m.e. 1 Dàmhair 2025).

If you are recruiting for a new post, it may be worth considering a later start date to allow for your recruitment process to run and for any successful candidate to work any period of notice (e.g. 1 October 2025).

Ma tha sibh ag iarraidh sìneadh a thoirt air dreuchd a tha air a' mhaoineachadh seachad air 1 Iuchar 2025 mar-thà (le Bòrd na Gàidhlig no tùs eile) cuiribh fios gu oifigearan Bòrd na Gàidhlig mus cuir sibh an t-iarrtas a-steach gus beachdachadh air an t-suidheachadh agaibh.

If you are looking to extend a post that is already funded beyond 1 July 2025 (by Bòrd na Gàidhlig or another source) please contact Bòrd na Gàidhlig officers before submitting your application to discuss your situation.

Chan fhaod sibh taic iarraidh airson ùine seachad air 31 Màrt 2028.

The requested funding end date must be no later than 31 March 2028.

Prìomhachasan na sgeama

Seo far an urrainn dhuibh barrachd innse dhuinn mun dreuchd agaibh agus mar a tha e a' freagairt air na tha sinn a' sireadh.

Priorities of the scheme

This is where you can tell us more about your post and how it fits with what we are looking for.

Cuimhnichibh gus coimhead air [a' Phlana Chorporra 2023-28 againn](#) agus gus tuilleadh fios fhaighinn air na h-amasan a th' againn mar bhuidheann, leis gu bheil sinn nas dualtaiche pròiseactan a mhaoineachadh a bhios gu soilleir gar cuideachadh gus na toraidhean sin a libhrigeadh.

Remember to consult [our Corporate Plan 2023-28](#) for more information on the aims that we have as an organisation, as we're more likely to fund projects that clearly help us deliver those outcomes.

Bu chòir freagairtean an seo a bhith mu thimcheall 350 facal, ach faodaidh sibh mìneachadh mar a choileanas sibh amasan na maoine tro phuingeann peileir no le bhith a' ceangal sgrìobhainn taice eile ma tha sin nas fhasa.

Answers here should be around 350 words, but if it's easier to outline how you meet the aims of the fund through bullet points or by linking to another supporting document please feel free to do so.

Cur ri amasan na maoine	Contributing to the aims of the fund
Innsibh dhuinn mar a bhios an dreuchd a' cur ris na ceithir prìomh amasan aig a' mhaoin: • Cumail taic ri cleachdadh làitheil den Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan • Toirt leasachadh air planaichean Gàidhlig coimhearsnachd • Cumail taic ri ionadan Gàidhlig is tachartasan annta • A' dol an sàs ann an obair ann an com-pàirt eadar buidhnean a tha libhrigeadh seirbheisean Gàidhlig Chan fheum an dreuchd a bhith a' cur ris na h-amasan uile, ach bithibh mothachail air mar a dh'fhaodadh an t-oifigear taic a chumail ris na h-amasan, ann an com-pàirteachas le buidhnean eile far a bheil sin iomchaidh.	Let us know how your post will contribute to the four key aims for the fund of: • Support day-to-day use of Gaelic in communities • Further develop community Gaelic language plans • Support Gaelic centres and activity within them • Engage in partnership working between organisations in delivering Gaelic services Your post does not need to contribute to all of the above, but please consider as best you can how your officer will help to achieve them, in partnership with other organisations where appropriate.
Buaidh air a' Ghàidhlig	Impact on Gaelic
Tha sinn airson fios fhaighinn air mar a bhios obair an oifigear a' cur ri fàs a thaobh cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd agaibh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach fios air gnìomhan sònraichte a tha fa-near dhuibh, builean ris a bheil sibh an dùil, is mar a bhios sibh a' measadh buaidh nan gnìomhan seo.	We want to know how you expect that the officer's work will contribute to growing the usage and learning of Gaelic within your community. This could include specific reference to different activities that you are planning, the outcomes that you expect from them and how you will go about measuring the impact of these activities.
Co-obrachadh sa choimhearsnachd	Community partnerships
Tha sinn airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn air cò leis am bi an t-oifigear/buidheann agaibh ag obair gus gnìomhan a libhrigeadh, gu sònraichte a thaobh oifigearan no buidhnean eile sa choimhearsnachd. Thoiribh seachad eisimpleirean air na seòrsa gnìomhan a bhios sibh a' libhrigeadh, mar as motha de dh'fhiosrachadh mionaideach a bheirear seachad an seo mu bhuidhnean sònraichte, 's ann as fheàrr.	We want to know more about who the officer will work with to deliver activities, particularly other officers or organisations within the community. Provide examples of what types of activities will be delivered, and the more detail provided here around specific organisations the better.
A' libhrigeadh is sgrùdadh a' phròiseict	Delivering and monitoring the project
Sgioba taic na dreuchd	Post support team
Tha sinn airson tuilleadh fios fhaighinn a thaobh cò bhios a' toirt seachad manaidsheachd-sreatha no taic eile dhan dreuchd is air an eòlas aca a thaobh na Gàidhlig is libhrigeadh gnìomhan sa Ghàidhlig. Tha sinn airson dearbhadh gu bheil daoine ann an dreuchd a' faighinn taic iomchaidh ann a bhith a' libhrigeadh na dreuchd, is b' fheàrr leinn gum biodh co-obraichean aca aig a bheil eòlas mar-thà ann a bhith a' libhrigeadh obair leasachaidh Gàidhlig is a tha comasach air Gàidhlig a chleachdadh, is gu bheil Gàidhlig air àbhaisteachadh sa bhuidhinn.	We want to know more about who will be providing line-management or other support to the postholder and their experience in delivering Gaelic. We want to ensure that those in post are adequately supported in carrying out their role, and ideally that they have colleagues that have previous expertise in delivering Gaelic development work and can use the language, so that Gaelic is embedded within the organisation.

Dè an uiread de dh'obair an oifigeir a bhios a' gabhail àite sa Ghàidhlig?

Tha sinn ag iarraidh beachd air an uiread de ghnìomhan an oifigeir a bhios a' tachairt tro mheadhan na Gàidhlig, ma gheibh sibh maoineachadh. Tha sinn a' tuigsinn nach urrainn, ann an cuid de shuidheachaidhean, a h-uile càil tachairt anns a' Ghàidhlig, ach is e amas na maoin cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh far an gabh sin dèanamh.

How much of the officer's work takes place in Gaelic?

We want an idea of how much of the officer's activity will take place through the medium of Gaelic if it is funded. We appreciate in some circumstances not everything can take place in Gaelic, but the aim of the fund is to maximise Gaelic usage wherever possible.

Builean is PCCan

Tha sinn ag iarraidh gun toir sibh fiosrachaidh seachad air na builean a tha sibh an dòchas a choileanas an dreuchd thar na h-ùine maoinichte, is dè na Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCCan/KPIs) a bhios sibh a' cleachdadh gus tomhas a bheil sibh air na builean sin a choileanadh.

Bu chòir builean a bhith ag ainmeachadh atharrachadh a tha sibh airson fhaicinn air sgàth obair an oifigeir, is gu sònraichte a' bhuaidh a bhios aig seo a thaobh cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd.

Is iad na PCCan an dòigh sam bith sibh a' tomhas is a' sealltainn mar a bhios na builean seo air an coileanadh. Bu chòir dhaibh a bhith "SMART" (Sònraichte, Gabh a thomhais, Ruigsinneach, Freagarrach is Stèidhichte air ùine).

Dh'fhaodadh gum biodh sibh cuideachd airson PCCan ainmeachadh airson gach bliadhna air a maoineachadh leis an dreuchd, airson sealltainn mar a bhios cùisean air an leasachadh thairis air an ùine maoineachaidh.

Outcomes and KPIs

We want you to provide information to us on the outcomes that you hope the post will achieve over the course of the funded period and what Key Performance Indicators (KPIs) you will use to assess whether those outcomes have been achieved.

Outcomes should describe a change that you want the officer's work to make, and should particularly show the impact in terms of Gaelic usage in the community.

KPIs are the ways in which you will assess and show that these outcomes are being achieved. These should ideally be "SMART" (Specific, Measurable, Achievable, Realistic and Time-bound).

It might be better to set KPIs for each year funded by the post also, to show how things will improve over the course of the funded period.

Mar a chruinnicheas sibh fios air ais

Tha e cudromach dhuinn gum bi sibh a' togail fiosrachadh bhon choimhearsnachd a tha sibh a' frithealadh air mar a tha obair an oifigeir air diofar a dhèanamh a thaobh cleachdadh agus/no ionnsachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd.

An seo bu mhath leinn gun innseadh sibh dhuinn mar a bhios sibh dol an sàs le muinntir na coimhearsnachd (tro shuirbhidhean, buidhnean fòcais no foirmichean fios-air ais mar eisimpleir) gus am fiosrachadh seo a chruinneachadh dhuinn. Bidh e riatanach gun dèan sibh an obair seo gu cunbhalach ma tha sibh air ur maoineachadh.

How you will gather feedback

It's important to us that you gather feedback from the community that you are serving as to how the officer's work is making a change in terms of community Gaelic usage and/or learning.

Here we'd like you to let us know how you will engage with members of the community (through surveys, focus groups or feedback forms for example) and get that information for us. You will be required to undertake this activity regularly if you are funded.

Ionmhais

Cosgaisean iomlan

Bu chòir seo cosgaisean slàn na dreuchd airson na n-ùine maoineachaidh ainmeachadh. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-staigh nan cosgaisean gu h-iomlan (a' gabhail a-steach cosgaisean a bharrachd air an dreuchd, cosgaisean pròiseict, cosgaisean ruith ri linn na dreuchd) a thaobh na dreuchd is obair an oifigeir tron ùine maoineachaidh.

Finance

Total costs

What will be the overall cost of the post for the funded period. This should include all costs (including any on-costs, project costs or running costs relating to the post) relating to the post and the officer's work throughout the funded period.

Tha seo a' toirt fiosrachadh dhuinn air an ìre taic a dhìth san fharsaingeachd is an ìre de thaic bho tùsan eile air a thoirt seachad a bharrachd air an suim air iarraidh bhuainne.

This gives us an idea of the level of investment required overall and the amount of match funding provided in addition to the amount requested from us.

Iarrtas maoineachaidh

Funding request

'S e seo an t-sùim iomlan a tha sibh ag iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig thairis air an ùine maoineachaidh gu h-iomlan, agus is e seo am figear a chleachdas sinn airson an t-iarrtas a mheasadh. Faodaidh sibh suas ri £40,000 sa bhliadhna iarraidh (mu £110,000 gu h-iomlan ma tha sibh a' sireadh taic eadar an t-luchar 2025 is am Màrt 2028).

This is the sum that you are requesting from Bòrd na Gàidhlig over the total funding period and what we will use to assess your application. You may request up to £40,000 p.a. (c. £110,000 in total if applying for July 2025 to March 2028).

Bidh an t-sùim a dh'fhaodas sibh iarraidh nas ìsle ma tha sibh a' sireadh taic airson dreuchd pàirt-thìde (le sùim iomlan pro-rata, m.e. dreuchd 3 latha san t-seachdain ceadachta cur a-steach airson suas ri £24,000 p.a.).

The amount you are allowed to request will be lower if you are applying for a part-time role (with the total amount pro-rated, e.g. a 3 day a week post would be able to apply for up to £24,000 p.a.).

Faodaidh sibh suas ri 100% de chosgaisean freagarrach iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig (suas ri £40,000 sa bhliadhna) ach cuiridh sinn prìomhachas air buidhnean a tha a' sealltainn gum bi iad faighinn taic-airgid bho bhuidhnean eile gus taic a chumail ri cosgaisean na dreuchd, no a tha a' cur ri cosgaisean na dreuchd iad fhèin, gu sònraichte far a bheil amas ann na dhreuchd àbhaisteachadh taobh a-staigh buidseat na buidhne.

You can request up to 100% of eligible costs from Bòrd na Gàidhlig (up to £40,000 p.a.) but we will prioritise organisations that can show that they will receive match funding from other organisations to support post costs, or contribute to the post costs themselves, particularly where there is an aim of normalising the post within the organisation's budget.

Teachd-a-steach/cosgaisean

Income/expenditure

An seo tha sinn airson barrachd fhaighinn a-mach mu na diofar rudan air a bheil sibh an dùil airgead a chosg, agus cò às a thig maoineachadh. Tuigidh sinn gum faod sin atharrachadh thar ùine, ach mas urrainn dhuibh fiosrachadh cho sònraichte 's a ghabhas a thoirt seachad, cuidichidh sin sinn le bhith a' measadh an tagraidh.

Here we want to know more about the different items you are expecting to spend money on, and where funding will come from. We understand that these can change over time, but if you can be as specific as you can that will assist us in assessing the application.

Faodaidh sibh na putanan uaine a chleachdadh airson buidseat ùr a chur a-steach a thaobh teachd-a-steach no chosgaisean, is b' fheàrr leinn nan robh e comasach buidseat fa leth a chur a-steach airson 2025/26, 2026/27 agus 2027/28, is thèid seo a shealltainn mar aon bhuidseat iomlan air an iarrtas.

You can use the green plus icons to enter a new budget, and ideally if you can enter a different budget for each of the 2025/26, 2026/27 and 2027/28 years this will show up as one total budget on the application.

Tha taic neo-ionmhasail ceadachta, agus ma tha rudeigin ann a tha air a thoirt seachad mar thabhartas neo-ionmhasail (leithid ùine shaor-thoileach) bu chòir luach airgid airson seo a chur anns na colbhan teachd-a-steach agus caiteachais gus am bi iad a' maidseadh.

In-kind support is allowed, and if there is something that is being contributed as in-kind (such as volunteer time) we'd ask you to include the monetary value of this in both the income and expenditure columns so that they match up.

Tha e cudromach gum bi na cosgaisean agus an teachd-a-steach iomlan a tha san amharc co-ionann, leis nach urrainn dhuinn barrachd maoineachaidh a thoirt seachad na thèid iarraidh agus ma tha pròiseact a' coimhead mar nach biodh teachd-a-steach gu leòr aige chan urrainn dhuinn taic a thoirt dha nas motha.

It's important that the planned total expenditure and planned total income are the same, as we can't provide more funding than is required and if a project looks as though it will not have enough income we can't support it either.

Ma tha e nas fhasa dhuibh cruth eadar-dhealaichte a chleachdadh (leithid cliath-dhuilleag Excel) faodaidh sibh sin a chur suas an seo seach na pop-ups air-loidhne.

If it's easier for you to use a different format for your budget (such as an Excel spreadsheet) you can upload this here instead of the pop-ups online.

Nòtaichean air a' bhuidseat

Ma tha dad a bharrachd ann a bu mhath leibh innse dhuinn no mìneachadh mun bhuidseat nach deigheadh sa chlàr leigibh fios dhuinn an seo.

Notes on the budget

If there's anything you would like to let us know or explain further about the budget that couldn't fit on the table please let us know here.

Dleastanasan Sòisealta

Mar bhuidheann phoblach tha e mar dhleastanas oirnn seasmhachd àrainneachd a bhrosnachadh, cho math ri cothroman do dhaoine òga a tha, no a bha, fo chùram agus dèanamh cinnteach gu bheil pròiseactan fosgailte do dhaoine de gach cùl-raon. Anns a' cheist seo tha sinn airson gun smaoinich sibh air mar a bheireadh ur pròiseact buaidh air na trì raointean sin agus dè as urrainn dhuibh a dhèanamh gus cuideachadh.

Gheibh sibh tuilleadh a-mach bho [Creative Carbon Scotland](#) mu mar as urrainn dhuibh ur sgaoilidhean carboin a lùghdachadh, agus innealan airson mion-sgrùdadh agus aithris a dhèanamh air oidhirpean na buidhne agaibh.

Gheibh sibh tuilleadh a-mach mu na dleastanasan againn gus taic a thoirt do chlann a tha, no a bha, fo chùram [air làrach-lìn CELCIS – Ionad Sàr-mhathais do Chùram is Dìon do Chloinne](#).

Gheibh sibh teampaid de phoileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhalachd [air làrach-lìn ACAS an seo](#).

Mur eil sibh den bheachd gum bi na h-eileamaidean seo a' buntainn ris a' phròiseact agaibh, beachdaich air carson a tha seo is cuiribh am fiosrachadh sa bhogsa, leis gum bi buaidh air sgòr an iarrtais agaibh mur eil sibh air beachdachadh air seo ann an dòigh iomchaidh.

Social responsibilities

As a public body we have a duty to promote environmental sustainability, opportunities for young people who are, or have been, in care and to ensure projects are open to people of all backgrounds. In this question we want you to consider how your project would impact on these three areas and what you can do to help.

You can find out more from [Creative Carbon Scotland](#) about how to reduce your carbon emissions and tools for analysing and reporting on your organisation's efforts.

You can find out more about our duties to support children who are, or have been, in care [on the website for CELCIS – Centre for Excellence for Children's Care and Protection](#).

You can find a template Equality, Diversity and Inclusion policy [on ACAS' website here](#).

If you don't believe these elements are relevant to your project, please consider why this is the case and include this information in this box, as a lack of appropriate consideration can affect your application's scoring.

A' toirt aithne do thaic maoineachaidh

Mar bhuidheann phoblach tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' mhòr-shluagh càite bheil ar maoineachadh ga chaitheamh, agus is ann air sgàth sin a tha e cudromach gun comharraich sibh, far a bheil sin iomchaidh, gun tug Bòrd na Gàidhlig maoineachadh dhan phròiseact agaibh. An seo tha sinn ag iarraidh oirbh mìneachadh mar a tha sibh am beachd seo a dhèanamh (agus tha stiùireadh coileanta ri fhaighinn [anns an Stiùireadh Aithneachaidh againn](#) a thaobh na tha sinn a' sùileachadh).

Acknowledging funding support

As a public body it's important to us that the public know where our funding is spent, and that's why it's important that you acknowledge where appropriate that Bòrd na Gàidhlig provided funding for your project. Here we're asking for you to explain how you intend to do this (and comprehensive guidance is available [in our Acknowledgment Guidance](#) as to what we'd expect).

Barrachd fiosrachaidh

Ma tha dad sam bith eile a bu mhath leibh innse dhuinn mun phròiseact agaibh no a bu mhath leibh soilleireachadh san tagradh, faodaidh sibh am bogsa seo a chleachdadh. Chan fheum sibh seo a dhèanamh, agus faodaidh uiread de dh'fhiosrachadh a bhith ann 's a thogras sibh. Cuimhnichibh, ma tha sibh airson sgrìobhainnean taice eile a chur ris an tagradh, faodaidh sibh an luchdachadh suas ann an earrann nan sgrìobhainnean aig deireadh an foirm.

Further information

If there's anything else that you would like to tell us about the posts or to clarify in the application you can use this box. You can leave this blank if you would like, or can provide as much information as you wish. Remember that if you want to include other supporting documents that these can be uploaded in the documents section at the end.

Dearbhadh	Confirmation
Tha an earrann seo ann airson dearbhadh gu bheil sibh air riaghailtean an sgeama a leantainn is gu bheil sibh riaraichte le mar a thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh.	This section is to ask you to confirm that you have complied with the rules of the scheme and that you are satisfied with how your information will be processed.
Thèid iarraidh oirbh cuideachd dearbhadh gum bi sibh a' coileanadh poileasaidhean Obair Chothromach an Toiseach aig Riaghaltas na h-Alba ma tha sibh soirbheachail leis an iarrtas agaibh.	You will also be asked to confirm that you will comply with the Scottish Government's Fair Work First policies if your application is successful.
Tha tuilleadh stiùireadh air mar a tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig a' cur an gnìomh poileasaidh Obair Chothromach an Toiseach ri fhaighinn an seo , is tha stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air a' phoileasaidh ri fhaighinn an seo .	Further guidance as to how Bòrd na Gàidhlig is implementing the Fair Work First policy is available here , and guidance from the Scottish Government on the policy is available here .
Feumaidh sibh gabhail ri seo no chan urrainn dhuinn an t-iarrtas agaibh a mheasadh.	You must confirm this, or we will be unable to assess your application.
Thèid iarraidh oirbh cuideachd fios a thoirt seachad air mar a chuala sibh mu dheidhinn na maoine, ann an ceist roghainneil, gus taic a chumail rinn a thaobh a bhith a' ruigsinn daoine a dh'fhaodadh tagraidhean a dhèanamh.	You will also be asked how you heard about the fund, which is an optional question, to help us consider how we are reaching potential applicants.

Ma tha ceist sam bith agaibh mu gin de na ceistean, no ma tha feum agaibh air tuilleadh taic le bhith a' lìonadh an fhoirm iarrtais, cuiribh fios thugainn aig tabhartas@gaidhlig.scot agus nì sinn ar dìcheall bhuir cuideachadh.

If you have any queries about any of the questions, or require further support with completing the application form, please feel free to get in touch with us at tabhartas@gaidhlig.scot and we will do our best to assist you.

Eachdraidh Faidhle / Version History		
v1	Air fhoillseachadh / Published	1 Cèitean / May 2025